

Comataidh Inbhean MG ALBA

2/10/20, 0900-1200

Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Buill:	Iain Stephen Moireasdan (sa Chathair)	Màiri Kidd
	Ailean Dòmhnullach	Lisa Annette

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul (An t-Àrd-Oifigear)
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair)
Ealasaid Dhòmhnullach (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)
Donaidh Dòmhnullach (Manaidsear Gníomhachais) [airson puing 6]
Mairi Anna NicAonghais (a' gabhail geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis) [airson puingean 6 & 7]

1. Leisgeulan

1.1 Rhoda NicDhòmhnaill.

2 Gnothach Dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 4/9/20

3.1 Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

4.1 Ann an co-theacs a litir a chaidh gu Rùnaire a' Chaibineit gus taigse co-obrachadh ann a bhith a' taiceachadh luchd-ciùil agus luchd-ealain tro àm Covid, chaidh innse gu bheil còmhraidean a' leantainn eadar oifigearan MG ALBA agus Alba Chruthachail, le sùil gu h-àraidi air Celtic Connections agus dè as urrainnear a dhèanamh còmhla.

5. Ainm agus Dleastanas na Comataidh

- 5.1 **Co-dhùnadh**: Chaidh seo a dheasbad aig coinneamh a' bhùird air 22/9/20 agus thèid an obair a tharraing ri chèile airson coinneamh bùird na Samhna.
- 5.2 **Gniomh**: thèid pàipear a sgaoileadh air na buill air fad. (**Gniomh: DC**)

6. **Plana Susbaint 2021-24**

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh prìomhachasan susbaint a cheadaicheas maoin MG ALBA airson 2021-24 agus mhìnic IMT agus MM am pàipear. B' iad na prìomh phuingean còmhraidi:
- 6.2 'S e a bhith a' ruighinn daoine òga agus luchd-cleachdaidh ùra prìomhachasan MG ALBA.
- 6.3 Chaidh a mhìneachadh dè choileanas gnèithean BBC ALBA a thaobh luchd-coimhid, agus mar sin dheth, ciamar a tha an cosg airgid air gnèithean BBC ALBA a' coileanadh prìomhachasan MG ALBA.
- 6.4 Chaidh a mhìneachadh gum bi cuid den t-susbaint seo, stèidhichte air na prìomhachasan sa phàipear, air a cheannach dha BBC ALBA tro chùmhnantan 3 bliadhna agus gum bi sanasachadh air a dhèanamh air na pasgain sin leis an roinn solar goirid san ùine ghoirid.
- 6.5 'S e amas an ro-innleachd gur e BBC ALBA am brannad a thaghlas an luchd-coimhid. Stèidhichte air fianais mu chleachdaidhean luchd-coimhid, tha ro-innleachd BBC ALBA a' dealbhachadh ciamar a choileanas diofar ghnèithean thar nan ùrlar an t-amas sin.
- 6.6 Tha ro-innleachd BBC ALBA stèidhichte air a bhith toirt air luchd-coimhid BBC ALBA a thaghadh, ge bith an e luchd-coimhid na Gàidhlig a th' annta no luchd-coimhid nàiseanta. Stèidhichte air fianais mu chleachdaidhean luchd-coimhid, 's iad na gnèithean a tha nan prìomhachasan gus seo a choilionadh:

- Tachartasan/mòmaidean beò/as-beò, Spòrs beò, Naidheachdan beò;
- Stuthan le buaidh ann an Riochd Fada (long-form): Aithriseach, Current Affairs, Dràma;
- Comadaidh; agus
- No-loidhneach an toiseach le stuthan:
 - Clann;
 - Ionnachadh;
 - Stuthan BBC ALBA BRAG: stuthan goirid, agus Comadaidh agus Drama ann an Riochd
 - Goirid (short-form) (chan eil seo air a mhaoineachadh); agus
 - Prògram didseatach spòrs

- 6.7 Tha e cuideachd cudromach gu bheil BBC ALBA fhathast soirbheachail mar sheanail loidhneach airson inbhe agus fàs na Gàidhlig a dh'aindeoin an àrainneachd sònraichte farpaiseach, ach gu feum BBC ALBA cuideachd a bhith an làthair air na diofar ùrlaran far a

bheil an luchd-coimhid gu h-àraid iadsan as òige. Tha beàrnan ann a thaobh stuthan goirid no-loidhneach a tha riatanach airson daoine òga a thàladh gu brannd BBC ALBA. 'S iad sin: comadaidh ann an riochd goirid, dràma ann an riochd goirid, agus stuthan goirid. Feumar airgead a lorg a cheadaicheas sin agus tha sin gu bhith air a mhìneachadh ann an Misean/Amasan na buidhne.

- 6.8 Bidh 90% den t-susbaint air a cheannach tro phasgain, a' chòrr tro choimiseanadh àbhaisteach, le cuideam air feabhas seach meud gus toirt air luchd-coimhid BBC ALBA a thaghadh a tha a' ciallachadh àrdachadh ann an cosgais san uair sa ghnè Factual.
- 6.9 Bidh a bhith a' leudachadh comas coimearsalta agus entrepeneurachd taobh a-staigh nan companaidhean na phrìomh phàirt den obair a' dol adhart.
- 6.10 Chaidh a chomharrachadh gu bheileas a' faicinn toradh san t-seilbheach a chaidh gu ruige leasachadh tàlant sgrìobhaidh agus tàlant air beulaibh a' chamara a bhios gu maith gach ùrlair.
- 6.11 Chaidh a chomharrachadh, le comadaidh aithnichte mar phrìomhachas, an robh gu leòr airgead a' dol gu ruige a' ghnè sin. Chaidh a mhìneachadh gu bheil comadaidh na phrìomhachas agus ma thathas soirbheachail ann a bhith a' glèidheadh co-mhaoineachadh airson dràma bho threas phàrtaidhean gun tèid maoin a ghlusad bho dhràma gu ruige comadaidh. Bha deasbad ann mu dheidhinn am biodh e nas fheàrr buidseat dràma a ghearradh sa chiad dol a-mach agus an t-airgead a chuir gu comadaidh oir bhiodh maoineadairean agus treas phàrtaidhean nas buailtiche airgead a chuir gu iomairt dràma seach gu comadaidh.
- 6.12 Chaidh deasbad a chumail mun dè an t-uallach a tha ga chuir air companaidhean airson daoine fhastadh aig a bheil Gàidhlig agus dè na h-oidhirpean tha iad a' dèanamh gus Gàidhlig a chleachdadh mar chànan làitheil. Chaidh innse gu bheil poileasaidh Gàidhlig agus plana trèanaidh son na Gàidhlig nam puingean measaidh nuair a thathas a' toirt seachad pasgain agus thèid dèanamh cinnteach gun tèid an dà chuid fianais fhaicinn air dè an adhartas a chaidh a dhèanamh rè ùine a' phasgain mu dheireadh agus an ro-innleachd aca airson trèanadh airson tri bliadhna nam pasgain ùra, le dleastanas air na companaidhean poileasaidh Gàidhlig agus poileasaidh trèanaidh a bhith aig cridhe an cuid obrach.
- 6.13 Chaidh cudromachd am pòsadh ceart fhaighinn eadar stuthan fada agus stuthan goirid (long form and short form) a chomharrachadh. Chaidh deasbad a chumail an e riochdairean long-form an fheadhainn as comasaiche airson stuthan goirid a chruthachadh ri linn cho diofraichte 's a tha na modhan obrachaидh agus riochdachaidh. 'S e ceist chudromach a bha seo oir bhiodh nam pasgain ag iarraidh air na h-aon riochdairean an dà chuid a lìbhrigeadh.

Chaidh innse gu bheil MG ALBA ag obair cuideachd le riochdairean stuthan goirid agus gun tèid an cuspair seo a chumail fon phrosbaig san ùine air thoisearch.

- 6.14 Chaidh an àireamh iosal de luchd-coimhid air Youtube a chomharrachadh. Le bhith a' dèanamh an tuilleadh obrach in-thaigh air margaidheachd agus eòlas a thogail air a bhith a' togail air brannd ùr didseatach agus le bhith a' bruidhinn ri eòlaichean eile, seanailean eile leithid TG4 nam measg, thathas dòchasach gun tig leasachadh air an seo rè ùine.
- 6.15 Chaidh deasbad a chumail air carson a bha cosgais gach uair a thìde sa ghnè Factual an dùil a dhol suas gu mòr. Chaidh a mhìneachadh gur e an adhbhar gus an luchd-amhairc a riarachadh le stuthan den fheabhas as àirde agus gus iomhaigh a thogail le co-mhaoineadairean a dh'fhaodadh ùidh a shealltainn.
- 6.16 **Co-dhùnad**: 1) bha buill riaraichte le bun-stèidh a' phlana-susbaint le mothachadh gu robh iomairtean a dhith son cuir ris a' phlana; 2) bha mothachadh ann nach robh sealladh air ro-innleachd Naidheachdan agus Cùisean Làitheil sa phlana seo agus 3) gun tèid sanasachd a dhèanamh san Dàmhair 2020 airson pasgain ùra 2021-24.
- 6.17 **Gníomhan**: 1) thèid puing a chuir air clàr na h-ath choinneimh gus bruidhinn air Naidheachdan agus Cùisean Làitheil (**Gníomh: MAMI**); 2) thèid fiosrachadh a chuaireachadh air buill a thaobh dè an t-airgead agus uairean a thìde (%) a thathas a' cur gu ruige an luchd-amhairc Gàidhlig agus an luchd-amhairc nàiseanta (**Gníomh: IMT**); 3) thèid adhartas a thaobh an iomairt àireamhan àrdachadh air ùrlar YouTube a chuir mar ghnothach ghnàthach air gach clàr Comataidh bho seo a-mach. (**Gníomh: MAMI**) agus 4) chaidh a mholadh an tuilleadh co-nbrachadh a dhèanamh eadar saoghal nan ealan agus saoghal craolaidh gus am maoine a th' ann an dràsta airson rudan ann riochd goirid àrdachadh agus an tàlant a leasachadh. (**Gníomh: IMT**)

7. **Plana Ionmhais (Susbaint) 2021-24**

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh a mhìneachadh le DMD. Ged nach eil ùghdarris tiomnaichte aig a' Chomataidh bhathas ag iarraidh air buill taic a chur ri plana ionmhasail susbaint airson 3 bliadhna, a thig air beulaibh a' Bhùird as t-Samhain agus a cheadaicheas san eadar-ama gu faod pròiseas coimiseanaidh nan pasgain 2021-2024 tòiseachadh.
- 7.2 Bha buill air bruidhinn mu dheidhinn a' mhòr chuid fo phuing 6. A thuilleadh air an sin chaidh a mhìneachadh gun robhas am beachd 70% den bhuidseat airson susbaint a chosg gach bliadhna air pasgain agus gum biodh nam pasgain a' libhrigeadh 90% de na h-uairean.
- 7.3 Chaidh a mhìneachadh gu robh cuid de na cosgaisean corporra airson na trì bliadhna air thoisearch fhathast rin dearbhadh, agus nam biodh iad a' dol suas no sìos gum biodh buaidh

aig an sin air buidseat susbaint agus san ath thionndadh, bidh seo uile dèante agus nam biodh atharrachadh ann am buidseat susbaint gum biodh sin air a shònrrachadh. Chaidh mìneachadh gu robh am buidheann ag amas an còmhnaidh air co-dhiù 85% den bhuidseat ionlan a chosg air susbaint agus mu 2% air trèanadh gnìomhachais.

- 7.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte leis an dreachd buidseit mar bhun-stèidh agus mar bhunait airson planadh.
- 7.5 **Gníomhan**: thèid am buidseat air beulaibh a' bhùird as t-Samhain. (**Gníomh: DC**)

8. GISBE

- 8.1 Chaidh a chomharrachadh, taobh a-staigh dleastanas ùr na Comataidh a bhios fa chomhair a' bhùird as t-Samhain gu bheileas a' cur fàilte air cothrom a bhith a' coimseanadh aithisgean le sùil gheur air toraidhean na Gàidhlig, eaconamaidh didseatach msaa

9. Deit na h-ath choinneimh – 4/11/20

Ainm sgriobhte a' Chathraiche:

Deit: